

Fiosrachadh agus Stiùireadh airson buidhnean thràth-bhliadhnaichean 0-3

Information and Guidance for 0-3 Early Learning groups





- Tha Bòrd na Gàidhlig air am pasgan fiosrachaidh seo ullachadh airson stiùireadh agus fiosrachadh a thoirt do bhuidhnean thràth-bhliadhnaichean Gàidhlig 0-3 airson an cuideachadh le bhith a' stèidheachadh is a' ruith na buidhne aca. Co-cheangailte ris a' phasgan fiosrachaidh tha teamplaidean.
- Bu mhath leinn taing a thoirt don Chaidreachas Chùram is Ionnsachaidh (CALA) airson na taice aca le bhith a' dealbh nan teamplaidean a tha sa Phasgan seo.
- Tha am fiosrachadh anns a' phasgan seo ceart aig an àm a chaidh a chlò-bhualadh. Bu chòir gach buidheann stiùireadh a bharrachd a shireadh air reachdas ùr.



This Toolkit was developed to give Gaelic parent and toddler groups information and guidance on how to establish new groups. The Toolkit also contains editable templates.

We would like to thank the Care and Learning Alliance (CALA) for their help in the design of the templates used in the Toolkit.

This material is published for information and guidance and is correct at date of publication. Groups should seek further advice on recent legislation.





Amasan a' Phlana Cánain Náiseanta Ghàidhlig 2018-23 airson nan Tráth-bhliadhnaichean

'S iad ar priomhachasan ro-innleachdail:

Priomhachas 1: A' toirt fàs air cleachdadadh na Gàidhlig

- lomairean a bhios a' brosnachadh dhaoine gu bhith a' cleachdadadh na Gàidhlig sna dachaighean is coimhearsnachdan aca
- lomairean a bhios a' brosnachadh dhaoine òga gu bhith a' cleachdadadh na Gàidhlig
- Gàidhlig sna meadhanan traidiseanta is ùra
- Gàidhlig sna h-ealain, ann am foillseachadh agus sna gnìomhachasan cruthachail
- Planaichean Gàidhlig
- Gàidhlig san àite-obrach
- Cleachdadadh na Gàidhlig sna gnìomhachasan co-cheangailte ri dualchas, turasachd, biadh is deoch, an àrainneachd agus cur-seachadan
- lomairean a neartaicheas beairteas, buntainneas is cunbalachd a' chàinain
- lomairean a bhrosnaicheas ceanglaichean le luchd na Gàidhlig thall thairis agus le mion-chànanan eile




Aims of the National Gaelic Language Plan 2018-23 for Early Years

Our strategic priorities are:

Priority 1: Increasing the use of Gaelic

- Initiatives which promote the use of Gaelic in homes and communities
- Initiatives which promote the use of Gaelic by young people
- Gaelic in traditional and new media
- Gaelic in the arts, publishing and creative industries
- Gaelic Language Plans
- Gaelic in the workplace
- Gaelic use in heritage, tourism, food and drink, environment and leisure industries
- Initiatives which strengthen language richness, relevance and consistency
- Initiatives promoting links with Gaelic abroad and with minority languages





Prìomhachas 2: A' toirt fàs air ionnsachadh na Gàidhlig

- Gàidhlig san teaghach
- A' trusadh, a' gleidheadh, a' trèanadh agus a' solarachadh luchd-obrach airson Foghlam tron Ghàidhlig
- Goireasan is taic airson ionnsachadh
- Gàidhlig ann an Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne (TCC)
- Foghlam tron Ghàidhlig (FtG) ann am bun-sgoiltean is àrd-sgoiltean
- Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (FLI) ann am bun-sgoiltean is àrd-sgoiltean
- Gàidhlig ann am Foghlam Àrd-ìre is Adhartach
- Ionnsachadh na Gàidhlig do dh'inhich

Prìomhachas 3: A' cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig


- Taic airson na Gàidhlig bho Riaghaltas na h-Alba, a' Phàrlamaid agus taic phoilitigeach san fharsaingeachd
- Planaichean Gàidhlig air an cur an gnòmh le ùghdarrasan poblach (ùghdarrasan ionadail is buidhnean poblach)
- A' cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig agus a' togail aire don chànan tro: na meadhanan Gàidhlig is meadhanan eile, foghlam Gàidhlig aig gach ìre, agus na h-ealain Ghàidhlig
- A' dèanamh follaiseach luach sòisealta, eaonamach is cultarach na Gàidhlig
- Teachdaireachdan taiceil is brosnachail mun Ghàidhlig, dà-chànanas, agus mu iomadachd is in-ghabhail


Priority 2: Increasing the learning of Gaelic

- Gaelic in the family
- Gaelic medium workforce recruitment, retention, training and supply
- Resources and support for learning
- Gaelic in Early Learning and Childcare (ELC)
- Gaelic medium education (GME) in primary and secondary schools
- Gaelic learner education (GLE) in primary and secondary schools
- Gaelic in Higher and Further Education
- Adult Gaelic learning

Priority 3: Promoting a positive image of Gaelic

- Support for Gaelic from the Scottish Government, Parliament and wider political support
- Gaelic Language Plans implemented by public authorities (local authorities and public bodies)
- Promoting a positive image of Gaelic and raising awareness through: Gaelic media and other media, Gaelic education at all levels, and Gaelic arts
- Promoting the social, economic and cultural value of Gaelic
- Positive messages about Gaelic, bilingualism, and about diversity and inclusion





Bun-fiosrachadh

Tha rannsachadh is eòlas eadar-nàiseanta ag innse dhuinn gu bheil ionnsachadh càinann anns an dachaigh agus ann am foghlam thràth-bhliadhnaichean deatamach ma tha a' Ghàidhlig gu bhith buan ann an Alba san àm ri teachd. Tha ionnsachadh càinann aig aois òig a' brosnachadh deagh-ghean is dilseachd do chànan agus a' cruthachadh bunait is iarrtas gus cumail a' dol ag ionnsachadh na Gàidhlig. www.gaidhlig.scot

Tha ionnsachadh agus Teagasc Alba air ùrachadh a dhèanamh air **Pre-Birth to Three: Positive Outcomes for Scotland's Children and Families** gus taic agus fiosrachadh a bharrachd a thoirt don fheadhainn a tha ag obair ann an raon nan tràth-bhliadhnaichean ann an Alba.

Tha am Frèam-obrach seo a' dèanamh follaiseach cho deatamach 's a tha bacadh agus eadar-theachd anns na Tràth- bhliadhnaichean.

'The period between pregnancy and 3 years is increasingly seen as a critical period in shaping children's life chances, based on evidence of brain formation, communication and language development, and the impact of relationships formed during this period on mental health. It is therefore also a critical opportunity to intervene and break cycles of poor outcomes.'

(Riaghaltas na h-Alba 2008, d8)

Background Information

International research and experience indicate that language learning at home and in early years provision will be vital for the future of the Gaelic language in Scotland. Early language learning produces an attachment and loyalty to a language and provides a basis for and expectation of continuity in Gaelic language learning. www.gaidhlig.scot

Learning and Teaching Scotland updated the National Guidance **Pre-Birth to Three: Positive Outcomes for Scotland's Children and Families** to provide further support and information for those working in Early Learning provision.

This guidance make clear how important intervention and prevention is in the early years.

'The period between pregnancy and 3 years is increasingly seen as a critical period in shaping children's life chances, based on evidence of brain formation, communication and language development, and the impact of relationships formed during this period on mental health. It is therefore also a critical opportunity to intervene and break cycles of poor outcomes.'

(The Scottish Government 2008, p 8)




Fiosrachadh agus stiúireadh airson nan tráth-bhliadhnaichean

Early years toolkit

1	Earrann 1 Toiseach Tòiseachaidh	Section 1 Starting Up
1.1	Carson a' thòisicheadh sibh buidheann Pàrant is Pàiste Ghàidhlig?	Why start a Gaelic Pàrant is Pàiste?
1.2	A' stèidheachadh buidheann ùr	Setting up a new group
1.3	Dreuchdan is dleastanasan na Comataidh	Committee roles and responsibilities
1.4	A' ruith comataidh eifeachdach	Running an effective committee
1.5	Bonn-stèidh	Constitution
1.6	Fiosrachadh feumail	Useful information
1.7	Teamplaidean feumail	Templates

2	Earrann 2 Ionmhas	Section 2 Financial Management
2.1	Dleastanasan na Comataidh	Committee responsibilities
2.2	Teachd-a-steach/cosgaisean	Record Keeping - income / expenditure
2.3	Iarrtasan-maoineachaidh	Funding applications
2.4	Sgrùdadadh is Measadh	Monitoring and evaluation
2.5	A' togail airgead	Fundraising
2.6	Teamplaidean ionmhasail	Finance templates






Fiosrachadh agus stiùireadh airson nan tráth-bhliadhnaichean

Early years toolkit

3	Earrann 3 Luchd-obrach	Section 3 Staff
3.1	A' fastadh luchd-obrach	Recruiting and interview procedures
3.2	Obair Stiùiriche-cluiche	Job description
3.3	Taic, measadh agus tràeanadh	Support, appraisal and training
3.4	Pàigheadh	Salary
3.5	Teamplaidean	Templates





Cuiribh fios:

F: 01463 225454

P-d: oifis@gaidhlig.scot

L-l: www.gaidhlig.scot

Contact us:

T: 01463 225454

E: oifis@gaidhlig.scot

W: www.gaidhlig.scot

BÒRD NA
GÀIDHLIG

fiosrachadh do
phàrantan

Comann nam Pàrant
Gaelic Parenting Network